



CEISTEAN

1. **Saoil cò ris a tha Siobhan a' bruidhinn aig toiseach na sgeulachd. Thoir seachad adhbhar airson do bheachd.**
2. **Carson nach robh falt Siobhan a' còrdadh rithe?**
3. **Bha Siobhan a' faireachdainn nach bu chòir dhi bracaist mhòr a ghabhail, ach dè an dà rud a thug oirre iarraidh?**
4. **Nad fhaclan fhèin, inns carson a rinn Siobhan sgiamh chruaidh.**
5. *“Bha na faclan a' dol timcheall a cinn mar gum biodh iad crochte ri spògan muileann-gaoithe”*
Ciamar a tha an samhla seo èifeachdach?
6. **Ciamar a tha an sgrìobhadair ga dhèanamh follaiseach gu bheil Siobhan air bhioran nuair a tha i a' smaointinn gu bheil i a' dol a Bhancùbhar?**
7. **Ciamar a tha a' sgrìobhadair a' toirt fa-near dhuinn gu bheil Siobhan mì-thoilichte gum feum i a dhol a dh'fhuireach còmhla ri Auntaidh Lily?**

8. Saoil carson a bha Siobhan ag iarraidh gun cluinneadh a màthair gun robh i a' caoineadh?

9. *“Cha bhruidhinn mi ri Aoife no ri Sìneag gu bràth, gu sìorraidh, gu bràth tuilleadh. Cha bhruidhinn, cha bhruidhinn, cha bhruidhinn!”*

Saoil carson a tha Siobhan ag ath-aithris an aon rud a-rithist 's a-rithist an seo?

10. *“Stob”*

Ciamar a tha am facal seo èifeachdach ann a bhith a' toirt fa-near dhuinn mar a bha Siobhan a' faireachdainn mu a suidheachadh?

11. Ciamar a tha fios aig an leughadair gu bheil buaidh shònraichte aig Seumas air Siobhan?

12. Saoil carson a bha Siobhan ag iarraidh aodach ùr?

13. Saoil carson nach robh Siobhan a' dol a leigeil oirre gum faca i an teacsa a bha ag ràdh nach robh iad ga h-iarraidh sa chòmhlàn-dannsa?

14. *“I fhèin agus Seumas a' coiseachd air an tràigh, i fhèin agus Seumas aig biadh còmhlàn ann an taigh-bìdh, i fhèin agus Seumas a' dannsa còmhlàn”*

Saoil carson a tha an sgrìobhadair ag ath-aithris an abairt “i fhèin agus Seumas?”

15. *“A' dannsa còmhlàn ... agus ò, Seumas a' lùbadh sìos faisg, faisg oirre... cho faisg agus gun robh anail air a h-aodann agus e a' dol ga ... pògadh!”*

Dè an dòigh sa bheil am parenthesis èifeachdach an seo?

16. Saoil carson a tha Siobhan a' cur an ìre nach eil am fòn no an t-eadar-lìon aice ag obair?

17. Carson a bha Siobhan air bhioran faighinn air a' choimpiutair?

18. *“Cha tug e an aire dhan choltas a bha air aodann Siobhan.”*

Dè an coltas a tha thu a’ smaointinn a bha air aodann Siobhan aig an àm seo?

19. Carson a chaidh Siobhan a dh’iasgach còmhla ri Dòmhnall?

20. Ciamar a tha fios againn nach b’ e seo an aon turas a chaidh Siobhan a-mach air a’ bhaidhsagal còmhla ri Dòmhnall?

21. Carson a bha Siobhan agus Dòmhnall nan laighe sna sealastairean?

22. Nad fhaclan fhèin, inns dè tha thu a’ smaointinn a dh’ionnsaich Siobhan bho bhith a’ cur seachad nan saor-làithean còmhla ri Dòmhnall.

23. Dè am facal a tha ag innse dhuinn gun do leum i far a’ bhus ann an cabhaig?

24. Carson a tha a caraidean ag ràdh gun do rinn na saor-làithean feum do Siobhan?

25. Nam biodh tu anns an aon shuidheachadh ri Siobhan agus na caraidean agad air seo a dhèanamh ort, dè dhèanadh tu mu dheidhinn?